6.2.

H.M.49.

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

ORIGINAL POETRY.

A Song specially composed for the Duthil Pamphleteer.

Rinn spiorad o 'n t-sàtain,
Do ghluasad an àirde;
Thoirt fuath do na càirdean,
Is feàrr tha sa'n rioghachd.

'S iad naimhdeas a's mi-rùn,
Luchd tuathanais t' inntinn;
'S tha 'm bàrr tha uaip' cinntinn,
Ro mhillteach da rireadh.

Rinn do chridhe, aig a chruadhas,
An fhirinn chuir suarach;
Air chor 's nach 'eil buaidh aic',
Gu d' ghluasad gu géilleadh.

Rinn meallaidhean làidir,
Dha 'n athair an sàtain;
Do shaltairt fo 'n sàilean,
'S cha 'n àill leat uath éiridh.

Uime sin tha thu saoilsinn
Mu thimchioll nan "Daoine";
Chionn nach gabh iad do thaobhs',
Gur daoine gun chiall iad.

Ach na cuirs' cho suarach,
An gliocas a fhuair iad;
Fa dheòidh bheir iad buaidh leis,
Air gach truaigh agus éigin.

Air cathraichean chì thu,
Le sàilean do chinn iad,
N' an suidhe mar righrean
Toirt binn air luchd eu-ceart.

Nis smuanaich na thràth air,
A chum 's nach bi nàir ort,
Aig sealltuinn an àirde,
Ris 'n àit' anns am bi iad.

Thoir 'n t soraidhs' le càirdeas,
A dh' uireasbhuidh fàillinn,
Gu fear casaid na 'm bràithrean
Tha thàmh 'n Tullochgriban.

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND
B
26 MR
1935

LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

W. WILSON SINCLAIR, EDINBURGH.